

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



**\*Please scroll down for English Version\***

## ÙGHDARRAS THEISTEANASAN NA H-ALBA (SQA) A’ TÒISEACHADH CO-CHOMHAIRLE AIR PLANA GÀIDHLIG

04 An Lùnastal 2009

Tha Ùghdarras Theisteanasan na h-Alba air gairm an-diugh gu bheil an Dreachd Phlana Gàidhlig aca a-nis deiseil airson co-chomhairle phoblach.

Tha Planaichean Gàidhlig nam prìomh phàirt den ro-innleachd airson Plana Nàiseanta Gàidhlig Riaghaltas na h-Alba a chur an gnìomh. Tha ro-innleachdan den leithid seo air an dealbhadh airson an inbhe thèarainte a shùilich Riaghaltas na h-Alba agus Bòrd na Gàidhlig don chànan a dhaingneachadh.

Tha Achd na Gàidhlig 2005 agus Plana Nàiseanta na Gàidhlig bun-chudromach ann a bhith a’ leigeil leis an SQA agus na buidhnean compàirteachail aca planadh soirbheachail a dhèanamh a chuireas an cànan air bunait sheasmhach san àm ri teachd, chan ann a-mhàin an Alba ach air feadh an t-saoghail.

Tha Achd 2005 ga chur mar fhiachaibh air buidhnean poblach deasachadh Plana Gàidhlig a thoirt gu aire a h-uile neach is buidheann le ùidh sa chùis. Tha an SQA a-nis an sàs ann an co-chomhairle phoblach a leanas sia seachdainean air an dreachd Phlana Gàidhlig aca agus bheir iad feart air beachdan a thig thuca sa phròiseas co-chomhairleachaidh.

Thuirt Ceannard an SQA, an t-Oll Seònaid NicilleDhuinn: “Tha mi air leth toilichte innse gu bheil an Dreachd Phlana Gàidhlig againn deiseil airson co-chomhairleachadh agus cuiridh sinn fàilte air beachdan sam bith a thig thugainn. Tha an SQA airson gun soirbhich le Gàidhlig an Alba. Tha sinn leagte a bhith a’ gabhail làn phàirt ann a bhith a’ dèanamh cinnteach gu faigh sluagh agus eaconamaidh na h-Alba sochair bho shiostam theisteanasan is sgilean a bhuineas ris na h-uile agus a bhios a’ coinneachadh ri feumalachdan na h-Alba.”

Tha an SQA a’ tuigsinn cho cudromach ‘s a tha e a bhith a’ cur taic ri rùintean agus amasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha leasachadh Ro-innleachd Foghlaim Ghàidhlig an SQA gu h-àraidh cudromach air sgàth an dleistanais a th’ oirnn a thaobh foghlaim.

Tha an SQA ag obair thar nan ceithir amasan nàiseanta airson na Gàidhlig (Togail, Cleachdadh, Inbhe is Corpas Cànan). Cho math ri bhith a’ tabhann raon theisteanasan ann

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



an Gàidhlig air luchd-ionnsachaidh agus fileantaich, tha an SQA a' tabhann ceithir dheuchainnean aig an Ìre Choitinn tro mheadhan na Gàidhlig: Cruinn-eòlas, Eachdraidh, Matamataig agus Nuadh-eòlas.

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



## **SQA LAUNCHES GAELIC LANGUAGE PLAN CONSULTATION**

**04 August 2009**

The Scottish Qualifications Authority (SQA) has today announced that its Draft Gaelic Language Plan is now available for public consultation.

Gaelic Language Plans are a key component of the strategy intended to deliver the Scottish Government's National Plan for Gaelic. Such strategies are designed to secure the status of the language envisioned by the Scottish Government and Bòrd na Gàidhlig.

The Gaelic Language Act of 2005 and the National Plan for Gaelic are of fundamental importance in enabling SQA and its partner organisations to plan successfully for a sustainable future for the language, not just in Scotland but on the international stage.

The 2005 Act requires public bodies to bring the preparation of its Gaelic Language Plan to the attention of all interested parties. SQA is now consulting publicly on the draft of its Gaelic Language Plan for a period of six weeks and will take into account representations made to it during the consultation process.

SQA Chief Executive, Dr Janet Brown said: "I'm delighted to announce the availability of our Draft Gaelic Language Plan and welcome all feedback. SQA is ambitious for Gaelic in Scotland. We are determined to play a full and committed part in ensuring that the Scottish people and economy benefit from a qualifications and skills system that is all-embracing and delivering and meeting Scotland's needs."

SQA recognises the importance of supporting the aspirations and objectives included in the National Plan for Gaelic and the Gaelic Language (Scotland) Act 2005. Of particular importance, given the educational remit of SQA, is the development of its Gaelic Education Strategy.

SQA is working across the four national aims for Gaelic (Language Acquisition, Usage, Status and Corpus). As well as offering a full range of qualifications in Gaelic both for learners and native speakers, SQA currently offer four Standard Grade examinations in the medium of Gaelic; Geography, History, Mathematics and Modern Studies.

The SQA's Draft Gaelic Language Plan can be accessed via <http://www.sqa.org.uk/sqa/36169.html>.

The Authority invites all interested parties to participate in the consultation via the website. Comments from third parties are likely to inform the organisation's long-term education

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



strategy for the language and will directly affect the national education strategy for Gaelic in Scotland. The closing date of the consultation is Thursday 3 September.